

each do pheanas ceartais Dhé, agus nar trailean do Shatan agus do ar 'n anam-mílanaibh. Ach is e áireamh theare aig am bheil mothachadh air an truaighe. Tha 'chuid mhór de 'n chinne-daona cho dìon an toir air nithibh 'a theid am muga agus 'nach faigh iad ùine gu léor 'chum an cuisean spioradail a fhrithealadh. Tha gun amharus eallach trom na luidhe orra so a bheir iad nís doimhne na 'n uaigh ach cha 'n'eil iad 'n fuidh throm uallach' ann an seadh ar céann teagasg. Tha ar Slànúighear a labhairt gu soilleir riusan a tha a mothachadh an eallaich agus a tha ag 'osnaich fuidhe' air mhodh eile cha bhiodh gcalladh na fois na 'n fhuasglaidh na 'bhuaidh-tarruing sam bith orra da ionnsuidh féin. Tha mar sin an cuireadh 'u sonruichte dhoibhsan air son dá aobhar.

1. An toiseach do bhrìgh gun robh fios maith aig ar Tighearna nach gabhadh muinntir sam bith eile ris a chuireadh. "Tha an t-anam làn a gabhail gràin de 'n chirmhealla." Tha uabhar ar cridhe na ghneth ag iarraidh gum bi gach aon dhinn na Shlànúighear dhà féin agus gun coisinn sinn le ar deadh-thoilteanas namh dhuinn féin. Bi so "a charaig oilbheum" air an do thuislich na h-Iudhaich agus air an do thuit iad. Cha b'urrainn dhoibh an smuain a ghiulan gu'n robh iad fuidh fhiachan do fhireantachd neach eile air son maithneas agus a bhí air gabhail riutha le Dia. Is e sin an teist a thug an t-abstol orra; faic Rom x. 3. Agus tha an doigh so air tàir a dheanamh air agus air a dhiùltadh leis gach "duine nadurra". Cha'n eil e mothachadh a ghalair agus mar sin cha chuir e feum air an léigh, seadh 's ann a ni e fanaid air; an uair a tha an t-anam a tha air a dhusgadh gu mothachadh air a chionta agus a thruaillidh-achd a luidhe sios le 'bheul ris an dus-

lach air beulabh na Cathair-trocair a g'laothaich mar a rinn Pol 'n uair a bh'ailleadh ris an talamh e, "A Thigh-éirna, ciod as aill leat mise dhean-amh?"

2. Anns an daramh aite,— Tha "na tromuallaich agus iadsan a tha ri saothair" gu sonruichte air an cuireadh agus mar sin air an comharachadh a mach do bhrìgh gu 'm biodh e buallteach do muinntir anns an t-suidheachadh sin, eu-dóchasach mu fhuasgladh, iad féin 'a dh'ruideadh a mach' bho thàfrag trocair. Na 'm b'e cuireadh do 'n chinne-daona 'sa chumantas a bha ann iad a thighinn 'chum an t-Slànúighear dh' fheadadh an t-anam bochd, air ceonadh sios le mothachadh air a chionta agus a thruaillidheachd, a bhí air a bhuaireadh gu 'bhi' g'radh. "Is cinnteach nach ann do chreutair cho truagh riumsa, a tha cho aingidh agus cho mif' u hail riumsa, a tha an Tighearna a toirt a-chuiridh." Agus uime sin thar Ti "nach bris a chuil bhruite agus nach much an lion 's um bi deatach" gu caoimneil a tabhairt a chuiridh do 'n lethidibh so, agus a taisbeanadh an àite a i suidheachadh a bhí na cheap tuislich 'a' rathad trocair gur ann a tha e na aobhar brosnachaidh air son a bhí 'tighinn do bhrìgh agus gur ann air son an lethid a chaidh trocair ullachadh.

Thugadh so uime sin misneach do na h-uile peacach sgìth féin-dhite. Mar is mo do chionta na do shealladh féin is ann as mo a tha coir agad suil a bhí agad ri fuasgladh ma shireas tu e. Tha trocair ag iarraidh aon ni a mhain, is e sin geurmhothach air t-fheum air trocair. Na abair nam biodh m' eallach na b' entroma bhiodh suil agam ri fuasgladh uaithe oir cha 'n eil eallach sam bith tuilleadh is trom air son an Uilechumbachdaich a thoirt air falbh. Is urrain esan a tha 'cumhachdach gu tearnadh' t-eallach trom,